


# CÙLS BEACHDACHAIDH

A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh  
air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh,  
slàinte agus teicneòlasan



Ag atharrachadh bheathan tro ionnsachadh

## Slighe sgilean



### A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan

Bidh an goireas seo a' toirt taic do stuthan as urrainn an cleachdadach gus modhan ionnsachaidh is teagaisg a dhealbhadh gus cuideachadh a thoirt do libhrigeadh foghlam coitcheann farsaing a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

Is e fòcas a' ghoireis raon churraicealaim Slàinte is Sunnd, gu sònraichte eòlasan agus builean Bìdh is Slàinte is Teicneòlasan.

Dè a th' ann an sgil? Is e comas ionnsachaichte no comas rud a dhèanamh gu math a th' ann?

Tha Keir Bloomer agus Chris McIlroy a' dèanamh sgrùdadh air nàdur sgilean, san obair aca 'Curriculum for Excellence – Developing Skills', "Faodaidh sgil a bhith a' comharrachadh ealamhachd làmhach agus coileanadh corporra. Faodaidh e buntainn ri dòighean simplidh no ris na gniomhachdan innteachail as iom-fhillte. Faodaidh sgilean a bhith gu math sònraichte leithid ionnsachadh dreuchdail no gu math atharraichte leithid leughadh. Feumar daoine òga an cuideachadh gu bhith a' dol air adhart le beathan toilichte, feumail agus iomlanach ann an suidheachaidhean gun samhail. Feumaidh seo sgilean pearsanta agus eadar-phearsanta, tuigse faireachail, tapachd, sgilean fèin-stiùiridh agus mar sin air adhart. Ge bith am bithear a' faicinn seo bho shealladh eaconamach no sòisealta, tha brosnachadh sgilean aig teis mheadhain soirbheachas a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais."

[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/DevelopingSkills28May\\_tcm4-719271.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/DevelopingSkills28May_tcm4-719271.pdf)

Tha a' ghoireas seo ag amas air beachdan a thoirt seachad air mar as urrainn sgilean smaoineachaidh taic a thoirt do dhealbhadh ionnsachaidh is teagaisg. Is e aon de na buannachdan bho bhith a' leasachadh sgilean smaoineachaidh le luchd-ionnsachaidh gu bheil iad comasach an atharrachadh gu nàdurrach. Faodaidh cleachdaichean rangachadh Bloom a chleachdadach gus measadh a dhèanamh air an ire gu bheil dùbhlain air fhighe a-steach gu eòlasan dealbhaithe luchd-ionnsachaidh. Leigidh seo le luchd-obrach an cuid ceasnachadh agus gniomhan a luachadh agus aithne fhaighinn air mar as urrainn eòlasan dùbhlain no ionnsachadh dealbhaidh àrdachadh far am feum luchd-ionnsachaidh an eòlas agus na sgilean aca a chuir an gniomh. Le cleachdadach faodaidh luchd-ionnsachaidh cnuasachadh air ro-ionnsachadh agus na h-ath cheumannan san ionnsachadh aca fhèin a thuigsinn agus a riaghladh.

A thuilleadh air an seo tha e na eisimpleir air mar as urrainn an rangachadh seo taic a thoirt do dhealbhadh airson adhartas agus na h-ath cheumannan, agus cuideachd a' beachdachadh air farsaingeachd, dùbhlain agus cleachdadach.

Bu chòir cuideachd a bhith a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh an ionnsachadh beariteach aca a ghlacadh agus sin a chlàradh ann an grunn dhòighean nam measg ann an iomhaighean/e-màileidean agus Dealbhadh Ionnsachadh Pearsanta. Mar sin a' faighinn cothrom air cnuasachadh air na sgilean a chaidh a leasachadh agus na h-ath cheumannan san ionnsachadh aca a dhealbhadh.

Le bhith a' dèanamh sgrùdadh air cànan ionnsachaidh agus sgilean comas-obrach cuiidichidh seo luchd-ionnsachaidh gu bhith a' leasachadh an tuigse air sgilean a' dèanamh cheanglaichean thairis air a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus a-steach gu saoghal obrach.

# Sgilean airson ionnsachadh, beatha is obair

The screenshot shows the Education Scotland website with the URL <http://www.education.gov.scot/curriculum/resources/skills-in-practice>. The page title is 'Resources'. Under 'Curriculum areas', 'Health and wellbeing' is selected. The main content is 'Skills in Practice' with a sub-section 'Browse this article'. It lists 8 steps: 1. Introduction, 2. Context of skills development, 3. Developing a shared understanding of skills, 4. Planning for skill development using experiences and outcomes, 5. Partnership working, 6. Developing thinking skills, 7. Progression in skills development using the experiences and outcomes, and 8. Learning, teaching and assessing progress. A sidebar on the right contains links to 'More from Education Scotland' and 'Building the Curriculum 4: Skills for Learning, skills for life and skills for work'.



Tha sgilean airson ionnsachadh, beatha is obair, mar a tha air am mineachadh ann an Togail a' Churraicealaim 4, air an daingneachadh taobh a-staigh nan eòlasan agus nam builean agus air feadh nan Teisteanasan Nàiseanta.

Cuidichidh seo le bhith a' toirt seachad eòlasan ionnsachaidh domhain is buntanneach a bhios a' coinneachadh ri feumatachdan an luchd-ionnsachaidh gu leir.

Tha e cuideachd a' soilleireachadh Sgilean Comas-obrach Riaghaltas na h-Alba as urrainn an leasachadh gu nàdurraoch còmhla ris na cothroman ionnsachaidh beirteach sin.

Bu choir do chothroman ionnsachaidh airson adhartas fhaighinn air na sgilean sin a bhith nam pàirt de dhealbhadh ceangailte anns a h-uile sgoil, agus a bhith air an leasachadh còmhla ri eòlasan agus builean.

Chithear an adhartas aca air an nochdadh tro na h-ireas, bho thrath chun cheathramh agus nas fhaide, gus déanamh cinnteach gu bheil cothroman aig luchd ionnsachaidh sgilean a chuir an gniomh agus a leasachadh agus tuilleadh leudachadh a dhèanamh orra a' dh' ionnsaigh saoghail obrach.

## Sgilean ann an gniomh–<http://bit.ly/skillssinpractice>

Chaidh an goireas seo a dhealbhadh gus am bi cleachdaichean is luchd-obrach ughdarris ionadail ga chleachdadh airson an cuideachadh lèirmheas is adharrachadh a dhèanamh air na modhan gnàthach aca ann a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha is obair ann an co-theacs a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

Is e priomh thaobh a th' air a' ghoireas a bhith a' cuideachadh le bhith a' toirt sùil air ais air dealbhadh airson leasachadh sgilean, agus aig an aon àm a' beachdachadh air dè mar a choimheadadh adhartas, ionnsachadh agus teagasc agus measadh anns an t-suidheachadh agad.

Sgilean airson beatha aig Riaghaltas na h-Alba [ro-innleachd sgilean fad-beatha](http://www.scotland.gov.uk/Goireas/Doc/197204/0052752.pdf) (<http://www.scotland.gov.uk/Goireas/Doc/197204/0052752.pdf>) a'soilleireachadh na deich sgilean comas-obrach a tha 'nas buige':

Riaghadh ùine	Ag obair còmhla ri daoine eile
A' dealbhadh agus ag eagrachadh	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail
A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgriobhadh	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh
A' fuasgladh dhUILHEADASAN	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh
A' gabhail ri gniomhan taobh a-staigh ùine ghoirid	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile

# Dleastanas na h-uile

Bidh cleachdaichean uile, nuair a tha iad a' cleachdad nan eòlasan agus na builean airson ionnsachadh a phlanadh, a' dèanamh cinnteach gu bheileas a' leasachadh litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd bho na tràth irean agus às dèidh sin, a dh' ionnsaigh ionnsachadh fad-beatha.

## Litearrachd



- **Tha èisteachd is labhairt** nan sgilean conaltraidh deatamach nuair a bhithear ag obair ann an àrainneachdan co-cheangailte ri biadh no ag ullachadh biadh aig an taigh
- Tha **briathrachas** math airson a bhith comasach air eòlasan blasaid a mhìneachadh, roghainnean a mhìneachadh agus a bhith ag atharrachadh chlàran-bidh gus gabhail ri fiosan beòil air ais nam feartan feumail do luchd-ionnsachaidh
- Tha **leughadh** reasabaidhean, a' leantainn stiùridhean gu ceart, ag ionnsachadh mu chungaidhean ùra agus dhòighean càcaireachd, a' leughadh bhiveagan bidh, a' leasachadh litearrachd mheadhain gus roghainnean bidh fiosraithe a dhèanamh nan sgilean a bhios gu math feumail dha luchd-ionnsachaidh fad am beatha
- **A' sgrìobhadh** ann an diofar mheadhanan m.e. liostaichean ceannach, clàr-bidh a' dealbhadh agus ag atharrachadh reasabaidhean msaa. Faodaidh cuid de luchd-ionnsachaidh seo a thoirt nas fhaide agus na sgilean sgrìobhaidh aca adhartachadh gus sgrìobhadh mu chûisean bidh co-aimsireil

## Àireamhachd



- **Tha tuairmseadh agus cruinneachadh** nam prìomh sgilean ann a bhith a' dèanamh obrachaidhean bidh reusanta, cinnteach agus flor bheatha gus meud cuibhreann a thomhas agus casg a chuir air caitheamh bidh
- **Tha pròiseasan àireimh, bloighean, ceudadan agus cuideam is tomhas** nam prìomh sgilean ann a bhith a' leantainn reasabaidh/ag atharrachadh reasabaidh, meudachadh cuibhreann, roinneadh chunntasan bidh gach cuid nad intinn no gu didsiteach
- **Tha sgilean airgid** riatanach airson buidseiteadh, a' tomhas chosgaisean airson roghainnean bidh làitheil, a' dealbhadh ceannach teaghlaich no ag obair ann an co-theacs a bidh
- **Tha riaghladh ùine** riatanach a thaobh ullachadh bidh, càcaireachd, taisbeanadh biadh, sàbhailteachd bidh agus dealbhadh thachartais
- **Tha sgilean comasachd dàta agus analis** riatanach airson a bhith ag obrachadh susbaint beathachaидh, a' tuigsinn bhiveagan no a' dealbhadh airson riatanasan beathachaيدh sònraichte
- **Bidh sgilean beachdan air coltachd agus mi-chinnt** a' tighinn am bàrr ann an ullachadh bidh le àrd-chuideim, a' dol a réir suidheachaidhean atharraichte, a' dealbhadh airson àireamhan mòra no a' toirt air biadh a bhith seasmhach fo èiginn ionmhais

## Slàinte agus sunnd



- Gu tric bheir biadh daoine còmhla gu sòisealta agus ionnsaichear prìomh sgilean mu **eadar-obrachadh pearsanta**. Faodaidh biadh a bhith na cho-theacs a buntainneach airson a bhith a' leasachadh **sunnd sòisealta**, a bhith a' tèadh charaidean agus ag ionnsachadh mar phàirt de bhuidheann ann an raon de shuidheachaidhean
- **Tha sunnd corporra** agus tuigse agus am páirt a tha aig beathachadh math ann a bhith a' gabhail càram den bhodhaig daonna riatanach tro phìomh bhliadhnaichean leasachaidh agus nas fhaide
- Ann a bhith a' **planadh airson roghainnean agus atharrachaidhean** tha cudromachd eòlas adhartach air mar a bu chòir biadh a bhith air ullachadh a' toirt deagh eòlas dha luchd-ionnsachaidh fad am beatha agus dh' fhaodadh seo ceangal a dhèanamh a thaobh cothromach-obrach san àm ri teachd
- Bidh eòlas a bheir daoine air adhart gu bhith a' gabhail páirt ann an **gniomhachd chorporra** cunbalach a' nochdadh tuigse air cho cudromach 's a tha cothromachadh lùth a thaobh sunnd inntinneil **corporra agus faireachail**

# Sgilean Sgafall

## A' cuimhneachadh

innis, liost, thoir cunnatas, mìnich, cuir an àite, sgrìobh, lorg, aithris, ainmich, comharrach, cuir bileag, cuimhnich, mìnich, aithnich, maids, ath-chruthaich, cuir an cuimhne, dealbhaich, tagh, sgrìobh, aithris, cùm cuimhne, cunnt, thoir luaidh, leugh, comharrach, ath-aithris, dèan aithne nad chridhe, smaoinich air ais, faigh a-mach, clàr, ath-innis, dèan sealladh air

### Beachdan airson Fianais

**cuimhnich** na cungaidhean a bhios ann an reasabaidh  
**thoir cunnatas air** na ceumannan a ghabhas tu airson reasabaidh a leantainn  
**ath-chruthaich** dòighean air diofar sheòrsaichean bìdh ullachadh

## A' tuigsinn

mìnich, eadar-mhìnich, beachdaich air, ro-innis, eadar-dhealaich, eadar-theangaich, thoir cunnatas air, dèan coimeas, dèan sgaradh, leudaich, dèan dealachadh, taisbean, aithris, aithnich, comharrach, dèan aithisg, cuir an cèill, dèan abairt, iompaich, thoir fainear, greimich, faigh ùghdasar, aithnich, faigh tuigse

### Beachdan airson Fianais

**ro-innis** na buaidhean a thig bho bhith a' cleachdadhe chungaidhean sònraichte air an toradh deireannach  
**taisbean** grunn dhòighean air glasraich ullachadh  
**mìnich** eadar-dhealachaidhean cultarail

## A' cur an gnìomh

fuasgail, leasaich, cleachd, tomhas, atharraich, tagh, dèan deuchainn, seall, criochnaich, tog, ullaich, dèan, cruinnich, co-dhùn, seall, rangaich, dearbhadh, gabhail a-steach, ag ullachadh, cur thairis, dèan, feuch, faighnich, liost, stèidhich, breithnich, coltaich

### Beachdan airson Fianais

**dèan sgrùedad** air bileagan beathachaидh  
**thoir gu buil** biadh dha cnapach a' sealltainn na cuibhreannan a tha freagarrach  
**leasaich** clàr-bìdh/cosgaisean nuair a gheibhear feumalachdan beathachaидh no buidseit comharrachte

## A' dèanamh anailis

dèan anailis, dèan dealachadh, thoir air falbh, dèan sgaradh, minich, rangaich, dèan sanas, co-dhùn, seall, dèan coimeas, tagh, dèan lethsprèidh, òrdaich, cruthaich, dèan dealachadh, dèan ransachadh, co-dhùn, dèan sgrùedad, dèan deuchainn, dèan dealbh, dealbhaich, ceasnach, dèan deuchainn, dealbh

### Beachdan airson Fianais

**rangaich** buidhnean bìdh eadar-dhealaichte measail agus gun a bhith measail  
**dèan coimeas** air susbaint bhiotamain roimhe agus an dèidh còcaireachd  
**tagh** agus ullaich chungaidhean a chuireas blas ris gus nach bi feum air salainn ann an reasabaidh

## A' dèanamh measadh

breithnich, snasaich, dearbh, dèan anailis, cuir luach air, dèan coimeas, co-dhùn, mol, dèan geàrr-chunntas, meas, tagh, fiosraich, dion, dèan tuairmeas, rangaich, tomhas, ro-innis, tagh, dèan deuchainn, dèan argumaid, beachdaich, dèan deasbad, dèan cuideam, dèan cunnatas, dèan sgrùedad, co-dhùn

### Beachdan airson Fianais

**breithnich** air sgilean teicniceach companach mu bhith ag ullachadh biadh  
**snasaich** blasad, inneach agus sealladh a' bhìdh a tha thu air ullachadh  
**dearbh** roghainnean airson biadh a tha a' coinneachadh ri riatanasan daihead sònraichte

## A' cruthachadh

dealbh, cruthaich, sgrìobh, ri-innis, dèan plana, tog, cruthaich, dèan cothlamadh, deasaich, cruthaich, leasaich, atharraich, eagaraich, thoir a-mach, cluiche dreuchd, smaoinich, réitich, co-obraich, sgrìobh, cruthaich, dèan, mìnich, leig air, tuairmsich, dèan structar, dearbh, ullaich, cuir ri chèile, mìnich, ullaich, ceangail, atharraich, tog cheist

### Beachdan airson Fianais

**eagaraich** tachertas agus ullaich biadh iomchaidh  
**cruthaich** biadh a tha iomchaidh airson cuspair cultarail  
**leasaich** clàran bidh le gritheidean ùra agus neo-àbhaisteach

# A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan

## A' cleachdad a' ghoireas

1 Bheir na h-eòlasan agus na builean cuideachadh dhut gus **adhartas** a choileanadh oir tha 'puist comharrachaидh' no faclan anna a tha a' comharrachadh adhartas de sgilean taobh a-staigh irean agus eadar na h-irean.


An goireas ionnsachaidh proifeasant: A' dèanamh measadh air adhartas agus buileachadh ann an Slàinte agus Sunnd — Biadh agus Slàinte (<http://www.educationscotland.gov.uk/learningteachingandassessment/assessment/progressandachievement/curriculum/healthandwellbeing/progress.asp>) a' toirt taic do ionnsachadh agus cuasachadh proifeasant le bhith a' toirt seachad tuilleadh fiosrachaидh mu na feartan sònraichte de ionnsachadh agus dealbh de choltas farsaingeachd, dùblain agus cleachdaidh. Tha seo air a dhealbhadh gus taic a thoirt do dhearbhagh-càileachd agus gniomhachd stuaim ann a bhith a' dealbhadh airson adhartas agus modhan riaghlaidh measaidh.

2 Bidh **rangachadh atharraichte Bloom** a' brosnachadh ceasnachadh èifeachdach, a' cruthachadh tuigse nas doimhne ann an luchd-ionnsachaidh. Dh' fhaodadh cleachdaichean an smiomhain a chleachdadh gus measadh a dhèanamh air ire an dùblain taobh a-staigh an ionnsachaidh dealbhaithe. Airson barrachd fiosrachaидh mu bhith a' cleachdadh an rangachadh theirig gu [http://www.educationscotland.gov.uk/resources/b/genericresource\\_tcm4659433.asp](http://www.educationscotland.gov.uk/resources/b/genericresource_tcm4659433.asp)

3 Nuair a bhithear a' dealbhadh airson libhrigeadh gniomhachd ionnsachaidh tha cothrom aig cleachdaichean cuideam a chuir air aithisg **Scottish Governments Skills for Employability** (<http://www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/197204/0052752.pdf>) a dh' fhaodar a leasachadh air feadh nan cothrom ionnsachaidh beairteach sin a thathas a' moladh.

4 Bidh gach clàr a' sealltainn na **sgilean smaoineachaidh ann an gniomh** airson gach eòlas agus buil fa leth ann am biadh, slàinte agus teicneòlasan.

5 Faigh cothrom air an làn-ghoires air-loidhne aig <http://www.educationscotland.gov.uk/resources/foodhealthskillssupportresource.asp> far am faigh thu cothrom air sùl a thort air na beachdan a thathas a' moladh airson ionnsachaidh is teagaig airson gach eòlas is buil bìdh, slàinte is teicneòlasan. Faodaidh tu cuideachd teamplaid falamh a luchdachadh sios gus cothrom a thort dhut do bheachdan fhèin a chuir ris agus an leasachadh nas fhaide.




## A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan

### Beathachadh

Is toigh leam a bhith ag ithe diofar sheòrsaichean bìdh ann an raon de shuidheachaidhean sòisealta. HWB 0-29a

Riaghadh üine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgrìobhadh	A' fuasgladh dhuligheadasan	A' gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh üine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	--	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

### Slighe sgilean



### Sgilean smaoineachaidh ann an gnìomh

**cruthaich** graf/taisbeanadh a' cleachdadh an fhiosrachaidh mu nas toil leat agus nach toil leat

**dèan cothlamadh** air gritheidean bho raon de roghainnean gus grèim-bìdh a chruthachadh airson piocnaic mathain teadaidh

**tagh** agus **dearbh** dè na biadhan a bu mhath leat ithe airson grèim-bìdh no prìomh bhiadh

**dèan luach** air biadhan as toil leam agus nach toil leam, a' toirt cunntas air roghainnean

**dèan sgrùdadadh** air na biadhan a bhiodh mar phàirt de dhiofar chomharraighean/fhèisean

**gabh pàirt** ann an seisean blasad bìdh, a' cuideachadh le bhith ag ullachadh bhìdhean taobh a-staigh ceann-ùine ainmichte

**seall** mar a tha e comasach dhomh tlachd fhaighinn bho biadh còmhla ri daoine eile a' cleachdadh modh iomchaidh m.e. a' suidhe le co-aoisean airson grèim-bìdh a shealbhachadh

**tagh** mo ghrèim-bìdh fhìn bho raon de roghainnean

**dèan coimeas** eadar diofar bhiadhan a bhithear ag ithe airson bracaist, lòn, dinnear, tachartas sònraichte

**dèan cunntas air** na dathan, inneach agus blasadan diofar mheasan/ghlasraich

**aithnich** agus **ainmich** diofar bhiadhan airson tachartasan m.e. cèice co-là-breith, Bliadh'n Ur Sìneach

**dèan maids** air biadhan a dh' fhaodar ithe còmhla leithid gràin le bainne


## A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan

### Beathachadh

Is toigh leam a bhith ag ithe diofar sheòrsaichean bìdh ann an raon de shuidheachaidhean sòisealta. HWB 1-29a

Riaghadh ùine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgrìobhadh	A' fuasgladh dhuligheadasan	A' gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh ùine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	--	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

### Slighe sgilean



### Sgilean smaoineachaidh ann an gnìomh

**dealbhaich** agus **cruthaich** biadhan airson tachartas cultarail taobh a-staigh ùine ainmichte m.e. Suipear Burns, Bliadhna' Ùr Sineach, àm buain msaa

**beachdaich** air cùisean co-cheangailte ri biadh leithid "a bheil thu a' smaoineachadh gu bheil e cudromach dha teaghlaichean a bhith a' suidhe timcheall bòrd aig amannan bìdh?"

**dèan luach air** agus blas diofar bhiadhan bunaiteach m.e. aran, buntàta, ris, noodles

**dèan anailis air** co-dhùnaidhean a' chlas mu nas toil agus nach toil leotha agus taisbean na co-dhùnaidhean a' cleachdadadh diofar stoidhlichean graf

**aithnich** na biadhan as anasaiche a dh' fheuch a' chlas/na tidsearan/na párrantan

**dèan sgrùdadadh air** a' bhiadh as toil agus nach toil leis a' chlas  
**tagh** biadhan as urrainn an ithe mar phasgain lòin

**thoir cunnatas** don chlas air dè a tha modhan math bùird a' ciallachadh

**mìnich** dè a dh' fhaodadh tachairt ann an taigh-bìdh m.e. suidh aig bòrd, thoir sùil air clàr-bìdh, co-dhùn dè a ghabhas tu, òraich biadh msaa.

**dean coimeas** le bhith a' blasad na biadhan a bhios aig diofar chultaran aig amannan comharrachaidh leithid co-làithean-breith, comharrachaidhean creideimh msaa.

**dèan cunnatas air** diofar àiteachan far an urrainn do dhaoine biadh ithe leithid aig an taigh, ann an cafe, taigh-bìdh

**dèan liosta** de blasan is inneachan bìdh m.e. milis, searbh, rèidh, cnapach


## A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan

### Beathachadh

Is toigh leam a bhith ag ithe diofar sheòrsaichean bìdh ann an raon de shuidheachaidhean sòisealta. HWB 2-29a

Riaghadh üine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgrìobhadh	A' fuasgladh dhuligheadasan	A' gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh üine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	--	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

Slighe sgilean



### Sgilean smaoineachaidh ann an gnìomh

**deasaich** seata de stiùiridhean airson modhan math san t-seòmar-bìdh

**dealbhaich** tachartas coimhairsnachd agus **cruthaich** biadh freagarrach m.e.

Dannsa tì le cuspair a' Chiad Chogaidh, tachartas cuspair litearrachd airson sgoilearan sgoil-àraich

---

**tagh** agus **ullaich** measan/glasraich bho gach dath airson seisean blais

**beachdaich air** na smuaintean agad a thaobh cuspairean co-cheangailte ri biadh leithid "carson a bhiodh sinn ag ithe theòig cuibhreannan de mheasan is għlasraich gach latha?

---

**taisbean** an raon de dhathan de mheasan is għlasraich m.e. an làthair mar bhogha-froise

**minich** carson a bhiodh daithhead 'datteach' againn

---

**eadar-theangaich** clàr-bìdh bho dhùthaich cèin  
**dèan ullachadh** ann a bhith ag òrdachadh biadh ann an cànan eile

---

**dèan taisbeanadh** a' cleachdadh cluich dreuchd mu bhith ag òrdachadh biadh ann an taigh-bìdh, gabh uallach ma seach mu bhith nad sheirbheisiche/nad theachdaiche

**faigh a-mach** mu na cleachdaidhean ithe a tha aig cultaran eile, a bheil na h-amannan bìdh aca mar a tha againne?

---

**thoir cunnatas** air blas/inneach raon de mheasan is għlasraich  
**sgriobh** a-mach clàr-bìdh airson tachartas/taigh-bìdh coimhairsnachd


## A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan

### Beathachadh

Is toigh leam a bhith ag ithe diofar sheòrsaichean bìdh ann an raon de shuidheachaidhean sòisealta. HWB 3-29a

Riaghadh ùine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgrìobhadh	A' fuasgladh dhuligheadasan	A' gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh ùine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	--	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

### Slighe sgilean



### Sgilean smaoineachaidh ann an gnìomh

**cruthaich** brot a' cleachdadhean toraidhean bho thùsan ionadail  
**leasaich** aran/stoidhle aran m.e. aran còmhnaid, scona bhlasda airson a thoirt seachad leis an aran a' cleachdadhean measgachadh de ghritheidean

**tagh** agus **ullaic**, a' riaghadh ùine gu freagarrach, raon de bhiadhan a bheirear seachad aig tachartas sgoile  
**dèan luach air** raon de bhiadhan co-chosmhail leithid raon de chàisean, measgachadh de dhiofar übhlann

**dèan sgrùdadh** a' cleachdadhean eisimpleirean bìdh làimhseachail de na mothachaidhean a thathas a' cleachdadhean nuair a bhithear ag ithe leithid sealladh, faileadh, blas, suathadh  
**minich** carson a tha diofar bhiadhan bunaiteach aig diofar dhùthchannan

**cunnit** cosgaisean nan grìtheidean a chleachdas tu sa bhiadh a tha thu air ullachadh  
**thoir gu buil** biadhan a tha stèdhichte air biadhan bunaiteach m.e. dùthchannan a' Cho-fhlaitheis

**minich/beachdaich air** na h-adhbharan a dh' fhaodadh buaidh a thoirt air roghainnean bìdh leithid as toil/nach toil, creideamh, creideasan, cultar, ionmhas  
**taisbean** mar a dh' ullaicheas thu riarachadh simplidh bho dhùthchaich eile

**sgriobh** lèirmheas de bhiadh a dh' ith thu a' beachdachadh air na blasan, na h-inneachan, an taisbeanadh agus an raon de bhiadh a tha ri fhaighinn  
**lorg** agus **comharrach** air mapa far a bheil biadh le tùs ionadail air fhàs


## A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan

### Beathachadh

Is toigh leam a bhith ag ithe diofar sheòrsaichean bìdh ann an raon de shuidheachaidhean sòisealta. HWB 4-29a

Riaghadh ùine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgriobhadh	A' fuasgladh dhuligheadasan	A' gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh ùine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	--	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

Slighe sgilean



### Sgilean smaoineachaidh ann an gnìomh

**leasaich** riarachadh airson clàr-bidhe cloinne a tha thu a' smaoineachadh a chòrdas ri mòran ach anns am bi deagh bheathachadh

**suidhich** clàr-bidhe inntinneach dha clann

**dèan measadh** air riarachadh a thaobh cosgais, taisbeanadh agus blas

**tagh** grìtheidean iomchaidh agus ullaich riarachadh, taobh a-staigh ùine aimichte, airson seòrsa sònraichte de chafé/thaigh-bidhe m.e. tapas, taigh-bidhe àrd-ire

**dèan coimeas** eadar raon de bhiadhan a' cleachdadadh dòighean anailis mothachail m.e. riarachadh a rèir riatanasan iomchaidh airson daithhead eadar-dhealaichte

**dèan sgrùdadh** air raon de chlàran-bidhe agus am measgachadh de bhiadh a thathas a' tabhann m.e. thoir air falbh, taighean-bidhe àrd-ire, clàran-bidhe cloinne

**ullaich** raon de dhòighean air biadh ullachadh  
**cruthaich** raon de bhiadhan a' cleachdadadh diofar dhòighean còcaireachd

**mìnich** na tha grunn bhriathran bìdh a' ciallachadh  
**beachdaich** air mar a dh' atharraicheadh tu reasabaidhean gus coinneachadh ri feumalachdan raon de theachdaichean

**sgriobh** gu taigh-bidh/colaisde ionadail a' faighneachd mu dheidhinn cothrom tadhail don chlas

**dèan liosta** de na feumalachdan daithhead air am feumar beachdachadh nuair a bhithear a' dealbhadh clàr-bidh airson taigh-bidh m.e. glasraichear, aileirdidh chnòthan, gun gluten


A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan

### Co-theacsan bìdh agus aodaich airson sgilean teicneòlasach agus eòlas a leasachadh

Tro m' ionnsachadh, tha mi a' roinn mo smuaintean ri daoine eile, airson cuideachadh a bharrachd le leasachadh bheachdan agus cheistean fhuasgladh. TCH 0-11a

Riaghadh üine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgrìobhadh	A' fuasgladh dhùilgheadasan	A' gabhail ri gniomhan taobh a-staigh üine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	--	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

#### Slighe sgilean



#### Sgilean smaoineachaidh ann an gniomh

**dèan** bobhla brot le grìtheidean ionadail

**dèan** sgeadachadh Nollaige a' cleachdadh dealbhadh agus stuthan taghte

**dèan coimeas** eadar bheachdan ann am buidheann air dè dh' fhaodadh tachairt ma chuireas sinn diofar grìtheidean a-steach, sin ri ràdh, an atharrachadh dath, blas agus inneach a thig bho bhith a' cur brot tomàto ris no a' briseadh suas a' ghlasraich ann an dòigh eadar-dhealaichte

**dearbh** mar a tha do roghainn de goireasan a' ceangal ris a' ghnìomh dealbhaidh

**a' dèanamh anailis air** na h-atharrachaidhean sa ghlasraich tron phròiseas dèanamh a' bhrot

**mìnich** mar a chrochas tu do sgeadachadh air a' chraobh

**tagh** bho raon de dh' acfhainn càcaireachd an fheadhainn as iomchaidh airson brot a dhèanamh

**tagh** dealbhadh airson do sgeadachadh m.e. bodach-sneachda, craobh Nollaige, rionnag

**thoir cunntas air** a' phròiseas mu bhith a' dèanamh brot leis a' bhuidheann

**mìnich** na gniomhan a tha an sàs ann a bhith a' dèanamh sgeadachadh m.e. a' taghadh stuth, a' gearradh, a' glaoadhadh

**ainmich** tan acfhainn agus na grìtheidean air a bheil feum airson brot a dhèanamh

**ainmich** na goireasan air a bheil feum airson sgeadachadh Nollaige aodaich a dhèanamh


**A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan**

**Co-theacsan bìdh agus aodaich airson sgilean teicneòlasach agus eòlas a leasachadh**

Tro rannsachadh agus mac-meanmhainn, 's urrainn dhomh ro-innleachdan airson ceistean fhuasgladh a thoirt air adhart, gus coinneachadh ri dùbhlanan dealbhaidh le fòcas air biadh no aodach. **TCH 1-11a / TCH 2-11a**

Riaghadh üine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgrìobhadh	A' fuasgladh dhuligheadasan	A' gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh üine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	--	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

### Slighe sgilean



### Sgilean smaoineachaidh ann an gnìomh

**dealbh** ro-innleachd margaidheachd reic  
**cruthaich** toraidhean bìdh/aodaich airson an reic aig tachartas togail airgid sgoile

**dèan co-dhùnadh air** clàr-ama airson toraidhean bìdh/aodaich a dhèanamh

**dèan ro-inse ai** cò mheud nithean bìdh/aodaich a tha rin dèanamh airson prothaidean àrdachadh agus caitheamh isleachadh

**tagh** nithean soirbheachail airson an dèanamh

**dèan anailis air** co-dhùnaidhean deuchainn tùs-samhail gus aithne fhaighinn air leasachaidhean sam bith

**taisbean** na co-dhùnaidhean deuchainn gu cruthachail

**dèan** tùs-samhlan gus deuchainn a dhèanamh air miann dhaoine air toraidhean a dh' fhaodar fhaighinn bho bhiadh/aodach

**dèan rannsachadh** agus sgrùdadh air cuid de na beachdan sin nas fhaide

**beachdaich air** beachdan a dh' fhaodadh a bhith ann airson toraidhean bìdh/aodaich

**dèan liosta** den mhargadh de theachdaichean/thargaid airson an tachartas

**dèan aithne air** na priomh phuingean airson beachdachadh orra ann a bhith a' coinneachadh ris an dùbhlan dealbhachaidh


**A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan**

**Co-theacsan bìdh agus aodaich airson sgilean teicneòlasach agus eòlas a leasachadh**

Tro bhith a' cleachdad ro-innleachdan airson ceistean fhuasgladh, agus tro bhith a' sealtainn cruthachalachd ann an dùblan dealbhaidh, 's urrainn dhomh biadh no aodaichean a phlanadh, a leasachadh, a dhèanamh agus a luachadh, gus am bi iad a rèir fheuman aig an taigh no ann an saoghal na h-obrach. **TCH 3-11a**

Riaghadh üine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgiobhadh	A' fuasgladh dhuligheadasan	A' gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh üine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachall	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	---	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

### Slighe sgilean



### Sgilean smaoineachaidh ann an gnìomh

**dealbhaich** nì fasain/aodaich ùr, ùr-nodha stèidhichte air pròiseasan cruthachaidh is measaidh

**dèan measadh air** mar a b' urrainn do nì fasain/aodaich a dhèanamh nas fheàrr gus tuilleadh coinneachadh a dhèanamh ri feumalachdan an dùblain dealbhaidh

**dèan rannsachadh air** mar a tha an nì fasain/aodaich a' coinneachadh ri feumalachdan an dùblain le bhith a' deasachadh ceisteachan airson a' bhuidheann thargaidte

**cruthaich** an nì fasain/aodaich gus coinneachadh ri feumalachdan an dùblain taobh a-staigh na h-ùine ainmichte

**dèan dealbh air** mar a nì an rud agad le bhith a' dealbhadh plana a tha a' sealtainn na ceumannan a chaidh a ghabhail ann a bhith a' dèanamh an rud agad

**dèan rannsachadh air** stuthan/goireasan a tha rim faighinn airson an nì (na nithean) bìdh/aodaich agad a dhèanamh

**dèan luath-sgrùdadh air** beachdan dealbhaidh agus taisbean iad sin le bhith a' cleachdadòr bòrd-modh, mapa inntinn, cunntasan no dealbhan

**dèan aithne** air na priomh phuingean a tha san ullachadh dealbhaidh


**A' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann an eòlasan agus builean bìdh, slàinte agus teicneòlasan**

**Co-theacsan bìdh agus aodaich airson sgilean teicneòlasach agus eòlas a leasachadh**

A' sealltainn cruthachalachd agus nua-thionnsgnadh, 's urrainn dhomh biadh no aodach a tha a' sìor fhàs iomadh-fhillte, a dhealbhadh, a phlanadh agus a thoirt gu buil, gu bhith a' sàsachadh feumalachdan an neach-cleachdaidh aig an taigh no ann an saoghal na h-obrach. **TCH 4-11a**

Riaghadh ùine	A' dealbhadh agus ag eagrachadh	A' conaltradh – ann an labhairt agus ann an sgrìobhadh	A' fuasgladh dhùilgheadasan	A' gabhail ri gnìomhan taobh a-staigh ùine ghoirid	Ag obair còmhla ri daoine eile	Smaoineachadh gu breithneachail agus gu cruthachail	Ag ionnsachadh agus a' leantainn ag ionnsachadh	A' gabhail uallach airson fèin-leasachaidh	A' riaghadh agus a bhith fo riaghadh dhaoine eile
---------------	---------------------------------	--	-----------------------------	--	--------------------------------	---	---	--	---

**Slighe sgilean**



**Sgilean smaoineachaidh ann an gnìomh**

**cruthaich** an dealbhadh deireannach agad ann an cruth nì bìdh/aodaich taobh a-staigh ùine ainmichte  
**leasaich** do bheachd nas fhaide gus na h-atharrachaidhean sin a thoirt a-steach

---

**mol** na nithean air an dèanar tuilleadh leasachadh le atharrachaidhean iomchaidh  
**dèan measadh air** beachdan dealbhaidh mu choinneamh an ullachadh dealbhaidh tùsail

---

**mìnich** mar a tha na beachdan dealbhaidh a' coinneachadh ri feumalachdan an neach-cleachdaidh ann a bhith a' cruthachadh nì bìdh/aodaich  
**dèan deuchainn air** nithean a' cleachdadh anailis mothachaидh gus faicinn dè cho math 's a tha iad a' sàsachadh feumalachdan an neach-cleachdaidh

---

**ullaich** nithean airson deuchainn  
**dèan breithneachadh air** na beachdan dealbhaidh as iomchaidh gus coinneachadh ri feumalachdan an neach-cleachdaidh

---

**dèan gearr-chunntas air** na co-dhùnaidhean agad agus thoir taisbeanadh don chlas  
**dèan sealladh** air na beachdan agad le bhith a' suidheachadh bòrd-modh


---

**thoir cunntas air** an seòrsa de nithean a bhiodh comasach a dhèanamh  
**thoir cunntas air** feumalachdan an neach-cleachdaidh

# Fiosrachadh agus goireasan



[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/HWBfoodandhealthFi-nal\\_300113\\_tcm4-746176.pdfA](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/HWBfoodandhealthFi-nal_300113_tcm4-746176.pdfA)



<http://bit.ly/skillsinpractice>



[http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource\\_tcm4720104.asp?strReferringChannel=thecurriculum&strReferringPageID=tcm:4-715583-64&class=l3+d148554](http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource_tcm4720104.asp?strReferringChannel=thecurriculum&strReferringPageID=tcm:4-715583-64&class=l3+d148554)



<http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/cpdsupportframeworktodeveloppracticalfoodsksills/introduction.asp>



<http://www.educationscotland.gov.uk/thecurriculum/howdoyoubuildyourcurriculum/curriculumplanning/whatis-buildingyourcurriculum/btc/btc4.asp>



[http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource\\_tcm4731978.asp?strReferringChannel=thecurriculum&strReferringPageID=tcm:4-715583-64&class=l3+d148554](http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource_tcm4731978.asp?strReferringChannel=thecurriculum&strReferringPageID=tcm:4-715583-64&class=l3+d148554)



<http://www.focusonfood.org/cooking-buses.html>



<http://www.educationscotland.gov.uk/studyingscotland/index.asp>



[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/SkillsforScotlandAlifelong-skillsstrategy\\_tcm4-711033.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/SkillsforScotlandAlifelong-skillsstrategy_tcm4-711033.pdf)



[http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource\\_tcm4732286.asp?strReferringChannel=thecurriculum&strReferringPageID=tcm:4-715583-64&class=l3+d148554](http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource_tcm4732286.asp?strReferringChannel=thecurriculum&strReferringPageID=tcm:4-715583-64&class=l3+d148554)



<http://www.foodfactoflife.org.uk/>



[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/SkillsforScotlandAcceleratin-grecovery\\_tcm4-711034.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/SkillsforScotlandAcceleratin-grecovery_tcm4-711034.pdf)

Airson leth-bhreacan clò-bhualuite den ghoireas seo iarraidh cuir post-d gu: [HealthandWellbeing@educationscotland.gov.uk](mailto:HealthandWellbeing@educationscotland.gov.uk)  
 Tha an leabhran eòlasan agus builean Cùis beachdachaидh: a' toirt taic do chleachdaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas sgilean ann am biadh, slàinte agus teicneòlasan ri fhaighinn air-loidhne airson an clò-bhualadh agus gheibhear cuideachd teamplaид falamh airson na beachdan agad fhèin a chuir a-steach agus tuilleadh leasachadh a dhèanamh orra:  
<http://www.educationscotland.gov.uk/resources/f/foodhealthskillssupportresource.asp>